

Digitized by the Internet Archive
in 2013

http://archive.org/details/foirceadulaithgh1783west

Foirceadul Aith-ghearr

# CEASNUIGHE,

Air tus air na orducha le
COI-THIONNAL nan DIAGHAIRIBH ag
NIAR-MHINISTEIR, ann an

# SASGAN;

Leis an d'aontuigh
ARD-SHEANNADH EAGLAIS na
# HALBANN,

Chum a bhith na chuid eigin d'aon-mhodh Crabhuidh eidir Eaglaiſhibh CHRIOST ann ſna tri RIOGHACHDAIBH.

Air na chur na Gailic le Seannadh
EARRA-GHAIDHEAL
Agus anois cuid do mhearrachdaibh a Chlo-bhualaidh air nan Leaſacha chum maith Coitcheann GAIDHEALTACHD ALBA. Clo bhuailt' ſa Ghallic n' darra Uair.

---

ENTERED IN STATIONERS HALL.

---

Clodh-bhuailt' agus r'an Reic le ANNA ORR,
Leabhair-reiceadoir. Ann
GLAS-GHO. MDCCLXXXIII.

## An A B C Rhomanach.

A a b c d e f g h i j k l m n o
p q r ſ s t u v w x y z &.

A B C D E F G H I J K L M N O P Q R S T U
V W X Y Z &.

A a b c d e f g h i j k l m n o p q r ſ s t u v w x y z &.
ct ſb ſk ſh ſt ſi fi ff fi ff fl fl ffi ffi ffl.

*An A B C Eiddeilteach.*

*A B C D E F G H I J K L M N O P Q R S T U V W X Y Z &.*

*A a b c d e f g h i j k l m n o p q r ſ s t u v w x y z &.*
*ct ſb ſk ſh ſt ſi fi ff fi ff fl ffi ffl*

| Na Bhuelibh. | Na Conſonantaibh. |
|---|---|
| a e i o u y. | b c d f g h j k l m n p q r ſ s t v w x z. |

Na Puinc. , ; : . ? ! - ) [ § * † ‡ ‖ ¶.

| | | | | | | | | | |
|---|---|---|---|---|---|---|---|---|---|
| Ab | eb | ib | ob | ub | Al | el | il | ol | ul |
| ac | ec | ic | oc | uc | an | en | in | on | un |
| ad | ed | id | od | ud | ar | er | ir | or | ur |
| af | ef | if | of | uf | as | es | is | os | us |
| ag | eg | ig | og | ug | at | et | it | ot | ut. |

# *Leabhar aith-ghearr nan Ceiſt.*

1. C. *CREUD is crioch araid do'n Duine?*

F. Is i is crioch araid do'n Duine Dia do Ghloracha, agus do Mhealtuin gu ſuthain.

2. C. *Creud i an Riaghail a thug Dia Dhuinne d'ar teagaſg chum's gu feadamaid eiſin do ghloracha, agus do mhealtuin?*

F. Is e focall Dhe (ata air na chur ſios ann a Scrioptuiribh an tſein-tiomnuidh, agus an Tiomna-nuadh) amhain is Riaghail Dhuinne d'ar teagaſg chum's gu feadamaid eiſin do ghloracha, agus do mhealtuin.

3. C. *Creud ata na Scrioptuiribh gu h araid ag teagaſg?*

F. Ata na Scrioptuiribh gu h' araid ag teagaſg, gach ni is coir do'n Duine chreidſin timchioll Dhe, agus an dleaſdanas ata Dia ag iarruidh air an Duine.

4. C. *Creud e Dia?*

F. Dia is Spiorad e, ata neimh-chriochnuigheach, Bith-bhuan, neimh-chaochladach, ann na Bhith, a Ghliocas, a Chumhachd, a Naomhachd, a Cheartas, a Mhaitheas, agus Fhirinn.

5. C. *An bheill tuille Dee ann ach a h aon?*

F. Ni bheil ach a h aon amhain, an Dia beo fior.

6. C. *C'a lion Pearsa ata san Diadhachd?*

F. Ata tri Pearsa san Diadhachd, an t Athair, an Mac, agus an Spiorad-naomh: Agus an triarsa is aon Dia iad ionnan ann a natur, coimh-meas ann a Cumhachd, agus ann an Gloir.

7. C. *Creud iad orduigh De?*

F. Is iad, orduighe De a run-fiorruidhe, do reir Comhairle a thoille, leis an d'orduigh se ro'-laimh chum a ghloire fein, gach ni thig gu crich.

8. C. *Cionnas ata Dia ag cur orduighe an gniomh?*

F. Ata Dia ag cur orduighe ann gniomh ann oibribh an Chruthaigh, agus an Fhreasdail.

9. C. *Creud is Obair an Chruthaigh ann?*

F. Is i Obair an Chruthaigh, Dia do dheanadh nan uile nithe do neimh-ni, le Focal a Cumhachd, ann feadh se laethe, agus iad uile ro-mhaith.

10. C. *Cionnas do Chruthaigh Dia an Duine?*

F. Du Chruthaigh Dia an duine, Fear, agus Bean, do reir Iaomhaigh fein, ann eolas, Firinteachd, Naomhachd, le uachdranachd os-cionn nan Creatuiribh.

11. C. *Creud iad Oibridh-freaſdail De?*

F. Is iad Oibridh Freaſdail De, gu bheil ſe ag coimhid, agus ag Riaghladh nan uile Chreatuiribh, le'n uile Ghniomharaibh, gu ro-naomha, gu ro-ghlic, agus gu ro-Chumhachdach.

12. C. *Creud e an gniomh araid Freaſdail do rinn Dia do thaoibh an Duine ſan ſtaid ann do Chruthuicheadh e?*

F. An t am do Chruthaigh Dia an duine, do rinn ſe Coi'-cheangal beatha ris, ag iarruidh umlachd iomlan air mar Chumhnant; agus ag toirmiſg Dho ni air bith ithe do Chraoibh Eolais maith agus uile, faoi Phein a Bhais.

13. C. *An d'f han air cead-ſinſir ann ſan chead ſtaid ann do Chruthuicheadh iad?*

F. Air bhith d'ar ceadſinſiribh air am fagail gu ſaoirſe an toille fein, do thuiteadar o'n ſtaid ann do Chruthuicheadh iad le peacadh ann aghaidh Dhe.

14. C. *Creud e Peacadh?*

F. Is e peacadh briſeadh Lagh Dhe.

15. C. *Cia e an Peacadh leis an do thuit air Cead ſinſir o'n ſtaid ann do Chruthuicheadh iad?*

F. Do b'e an Peacadh leis an do thuit air Cead-ſinſir o'n ſtaid ann do Chruthuich-

eadh iad, gu d'ith ſiad an meas-toirmiſgt'.

16. C. *An do thuit an Cinneadh daonna uile ann a Cead pheacadh Adhamh?*

F. O do bhith an Coi' cheangal air na dheanadh re Adhamh, ni amhain air a ſhon fein, ach ar-ſon a ſhliochd: Ume ſin, an Cinneadh-daonna uile do thainic anuas uaidh, tre geinnilleacha gnathaicht', do pheacuidh iad ann-ſan, agus do thuit ſiad maille ris ann ſan chead-ſeachran.

17. C. *Creud i an ſtaid ann d'tug an leagadh ud an Cinneadh daonna?*

F. Do thug an leagadh ud ad Cinneadh-daonna, gu ſtaid peacaidh, agus truaighe.

18. C. *Creud e peacadh na ſtaid ſin ann do thuit an Duine?*

F. Trid an leagaidh ud, ata an Duine ſaoi chionta chead-pheacaidh Adhamh, faoi eaſbhuidh na cead-fhirinteachd, faoi thruailleachd a natuir gu h iomlan (d'on goirrear gu Coitchean Peacadh-gein agus faoi gach uile Pheacadh-gniomh ata ag geintin uaidhe ſin.

19. C. *Creud i truaighe na ſtaid ſin ann do thuit an Duine?*

F. Trid an leagaidh ud, do chail an Cinneadh-daonna uile an co'-chomunn re Dia, ataid faoi Fheirg agus Mhallacha Dhe

agus mar ſin, ataid faoi gach uile thruaighe ſan bheathuidhs', fo'n Bhas fein, agus faoi Phiantaibh Ifrionn gu ſiorruidhe.

20. C. *An d'f hag Dia an Cinneadh-daonna uile do bhi cailte ann ſtaid peacaidh agus truaighe?*

F. Air tagha do Dhia da ghean maith fein, roimh thoiſeach an t ſhaoghail, cuid eigin do na Daoine chum na beatha-ſuthain, do rinn ſe Coi'-cheangal-graſa reu, d'an Saoradh O ſtaid an Pheacaidh, agus na Truaighe, agus d'an tabhairt gu ſtaid Slanuighe trid Fear-ſaoruidh.

21. C. *Cia e is Fear-ſaoruidh do Phobull taghta, De?*

F. Is e is aon Fhear-ſaoruidh do P'hobull taghta De, an Tighearna Ioſa Crioſt amhain, neach air bhith dho na Mhac Sioruidhe do Dhia, do rinneadh e na Dhuine agus mar-ſin ata ſe ag fantain na Dhia, agus na Dhuine, ann da Natur eidir-dhealluicht agus ann aon phearſuin am feaſt.

22. C. *Air bhith do Chrioſt na Mhac do Dhia, cionnas do rinneadh e na Dhuine?*

F. Do rinneadh Crioſt Mac Dhe na Dhuinne, le Corp-fior, agus anam-riaſonta do ghabhail chuige fein, air bhith dho le Cumhachd an Spiorad-naoimh air na ghab-

hail am Broinn Mhuire na h Oighe, agus air a bhreith le, gidheagh as fheugmhais peacaidh.

23. C. *Cia iad na h Oifigeadha ata Crioſt ag cur an gniomh mar air Fear Saoruidh ne.*

F. Ata Crioſt mar air Fear-Saoruidh-ne ag cur ann gniomh Oifigeadha Faidh, Sagairt, agus Riogh, araon, ann ſtaid an Irifliche, agus an Arduiche.

24. C. *Cionnas ata Crioſt ag cur Oifig Faidh ann gniomh?*

F. Ata Crioſt ag cur Oifig Faidh ann gniomh, ann toill De chum air Slanuighe fhoilſeacha dhuinn, le na Fhocal, agus le na Spiorad.

25. C. *Cionnas ata Crioſt ag cur Oifig Sagairt ann gniomh?*

F. Ata Crioſt ag cur Oifig Sagairt ann gniomh, ann e-fein do thabhairt ſuas aonuair na iobairt do dhioladh Ceartais De; agus do dheanadh air reitigh re Dia; agus ann gnath-eidir-ghuidhe do dheanadh air ar-ſoinne.

26. C. *Cionnas ata Crioſt ag cur Oifig Riogh ann gniomh?*

F. Ata Crioſt ag cur Oifig Riogh ann gniomh, le ſinne do cheanſacha dho fein,

do riaghladh, agus do ſheaſamh, agus le coſg do chur air na h uilidh is naimhde dho ſan agus Dhuinne.

27. C. *Cia iad na nithe ann an roibh Crioſt air na Iriſhleacha?*

F. Do bhi Chrioſt air na Iriſhleacha ann a bhith air a bhreith, agus ſin ann an ſtaid iſeal, air na dheanadh fo'n Lagh, ag doll fo gach truaighe na beathaſa, fo fheirg Dhe, agus fo Bhas malluicht' na Croiche, ann a bhith air na adhlacadh, agus ag fuirteachd fo Chumhachd an bhais re ſeall.

28. C. *Cia iad na nithe ann a roibh Crioſt air na Ardacha?*

F. Do bhi Chrioſt air na Ardacha ann a aiſh-eirigh O na Marbhuibh air an treas la, ann a dholl ſuas air Neamh, ann a ſhuidhe air Deas-laimh Dhe an Athair, agus ann a theachd do thabhairt breitheamhnas air an t ſhaoghal ann ſan la-dheirreanach.

29. C. *Cionnas atamaid air 'nar deanadh ann 'nar luchd Co' pairt d'on t ſaoirſe do choiſin Crioſt?*

F. Atamaid air 'nar deanadh ann 'nar luchd Co'-pairt d'on tſaoirſe do choiſin Crioſt, leis an t ſaoirſe ſin a chur rinn gu heif eachdach le na Spiorad naomha ſan.

30. C. *Cionnas ata an Spiorad ag cur rinne na ſaoirſe ſin do choiſin Crioſt?*

F. Ata an Spiorad ag cur rinne na ſaoirſe ſin do choiſin Chrioſt, le Creideamh oibreacha ionnain leis an bheil ſe 'gar Coi cheangal re Crioſt ann air Gairm eifeachdach.

31. C. *Creud is Gairm eifeachdach ann?*

F. Is Gairm eifeachdach ann, obair Spioraid De, leis an bheil ſe 'gar fagail ris ionnain fein am peacadh, agus truaighe, ag Soilſeacha air 'nintinneadh ann eolas Chrioſt, ag ath-nuadhacha air toille, agus air a lorg ſin 'gar deanadh deonach agus comaſach air Ioſa Crioſt a dhlu-ghabhail chugain, mar ata ſe air na thairgſe dhuinn' gu ſaor ann ſan't ſoiſgeul.

32. C. *Cia iad na Sochair ata an droing ata air nan Gairm gu h Eifeachdach ag faghail ſan bheathuidhs'?*

F. Is ſiad na ſochair ata an druing ſin ag faghail ſan bheathuidhs', Firinneacha, Uchdmhacachd, agus Naomhacha; agus gach uille Shochair ata ag ſruthagh uatha ſan bheathuidhs'.

33. C. *Creud is Firineacha ann?*

F. Is e Firinneacha gniomh ſaor ghraſa

De, leis an bheil ſe ag maitheamh dhuinn air 'nuille pheacaidh, agus ag gabhail rinne mar Fhirinnibh ann na fhianaiſh fein, agus ſin amhain ar-ſon Firinteachd Chrioſt air na mheas dhuinne, agus air a ghabhail chugain le Creideamh amhain.

34. C. *Creud is Uchd-mhacachd ann?*

F. Is i an Uchd-mhacachd, gniomh ſaor ghraſa De, leis an bheil Sinn air ar gabhail ann aireamh Chloinne De, agus leis an bheil coir againn air gach uille Shochairibh, agus urram a bhuinneas doibh.

35. C. *Creud is Naomhacha ann?*

F. An Naomhacha is obair ſaor-ghraſa De e, leis an bheil ſinn air ar 'n ath-nuadhacha ſan Duine gu h iomlan do reir Fioghrach Dhe, agus air ar deanadh comaſach ni is mo, agus ni is mo, chum baſacha do pheacadh, agus chum bhith beo do'n Fhirinteachd.

36. C. *Creud iad na Sochair ata ann ſan bheathuidhs' an a Co' chuideachd, no ag fruthagh o'n Fhirinneacha, o'n Uchd-mhacachd, agus o'n Noamhacha?*

F. Is iad na Sochair ata ſan bheathuidhs' ann a Co'-chuideachd no ag Sruthagh ua-

tha ſin, dearbh-bheachd air Gradh Dhe, Siothchaint Coguiſh aoibhneas ſan Spioradnaomh, fas ann an Graſa, agus buan-mhairreachduin ann, gu teachd na criche deirreannaich.

37. C. *Creud iad na Sochair ata na Creidmhigh ag faghail O Chrioſt, re h am an bais?*

F. Ata Anamanna nan Creidmheach re h'am an bais, air an deanadh foirfe ann a Naomhachd, agus air ball ataid ag doll chum-Gloire, agus air bhith do'n Corpaibh Sior-cheangailt' re Crioſt ni'd comhnuidh ann nan Uaighibh gu nuig an aſh-eirigh.

38. C. *Creud iad na Sochair ata na Creidmhigh ag faghail O Chrioſt ann ſan aiſh eirigh?*

F. Ann ſan aiſh-eirigh, air bhith do na Creidmhigh air an duſgadh as an Uaighibh ann an Gloir, bithigh ſiad air an aithneacha gu follas, agus air an lan ſhaoradh ann la bhreitheamhais, agus air an deanadh uillebheannuicht' ann an Dia lan-mhealtuin gu Siorruidhe.

39. C. *Creud e an Dleaſdanas ata Dia ag iarruidh air an Duine?*

F. Is e an Dleaſdanas ata Dia ag iarruidh air an Duine, umhlachd da thoill ata air na foilſeacha.

40. C. *Creud i an Riaghail umhlachd a thug Dia d'on Duine air thoiſeach?*

F. Do bi an Riaghail umhlachd a thug Dia do'n Duine air thoiſeach, Lagh na Modhannaibh.

41. C. *Cia e an t aite ann a bheill Lagh' na Modhannaibh air na chur ſios gu haith ghearr iomlan?*

F. Ata Lagh' na Modhannaibh air na chur ſios gu haith-ghearr iomlan, ann 'ſna deich Aitheantaibh.

42. C. *Creud is ſuim do na deich Aitheantaibh?*

F. Is i is Suim do na deich Aitheantaibh, an Tighearna ar Dia do ghradhacha le ar 'n uille Chroidhe, le ar 'n uille Anam, le ar 'n uille Neart, agus le ar 'n uille Intinn, agus ar Coimhearſan do ghradhacha mar ſinn-fein.

43. C. *Creud is Reamh radh do na deich Aitheantaibh?*

F. Ata Reamh-radh nan deich Aitheantaibh, air na chur ſios ann ſna briathraibhs' (is miſe an Tighearna do Dhia, neach a thug thuſa as Tallamh na Heiphte, agus as Tighe na daoirſe.)

44. C. *Creud ata Reamh radh nan deich Aitheantaibh ag teagaſg Dhuinne?*

F. Ata Reamh-radh nan deich Aitheantaibh ag teagaſg dhuinne, do bhri' gur e Dia is Tighearna ann, agus gur e is Dia, agus is Fear-ſaoruidh dhuinne, uime ſin gu bheil a dh'fhiache oirne uille Aitheantaibh-ſan do Choimhid.

45. C. *Cia i an chead Aithne?*

F. Is i an chead Aithne (na biodh Dee eille agat ann am fhianaiſhe.)

46. C. *Cread ata air na iarruidh ſan chead Aithne?*

F. Ata an chead Aithne ag iarruidhe, oirne, aithneacha, agus aidmheil, gur e Dia amhain an fior-Dhia, agus gur e air Diaine e, agus ſinne adhradh, agus Gloir do thabhairt Dho da reir-ſin.

47. C. *Creud ata air na thoirmiſg ſan chead Aithne?*

F. Ata an chead Aithne ag toirmiſg, an Dia fior do ſheanadh, no an t Adhradh, agus ann Ghloir a dhlighear Dho-ſan do leiginn tharruinn, no an tabhairt d'aon neach eille.

48. C. *Creud ata air na teagaſg Dhuinne gu ſonraicht' ann ſna briathraibhs' ſan chead Aithne* (am fhianaiſhe.)

F. Ata na briathraſa ſan chead Aithne

*(am fhianaiſhe)* ag teagaſg dhuinne, gu bheil Dia do chi na h uille nithe, ag tabhairt airre do'n pheacadhſa, iodhon, Dia air bith eille do bhith againn, agus gu bheil ſe ro dhiombach dheth.

49. C. *Creud i an darra aithne?*

F. Is i an dara aithne, (Na dean dhuit fein Iomhaigh ghrabhalta, no aon-fhioghair nithe ata ſhuas air Neamh, no air Tallamh a bhos, no 'ſan uiſge fo Thallamh, na geillſe dhoibh, agus na dean ſeirbhis dhoibh, oir miſe an Tighearna do Dhia, is Dia eud-mhor mi leannas aingidheachd nan Athraibh air an Cloin, gu nuige an treas no an ceathramh ceim non glun-geiniligh, air an droing fhuaitheachas-mi, agus ag foilſeacha trocair do mhiltibh do'n droing a gradhuicheas mi, agus choimhdeas m' Aitheantaibh.)

50. C. *Creud iarrar ſan dara aithne?*

F. Ata an dara aithne ag iarruidh, gach uille ghne Adhruidh, agus orduighe Dhiadhaigh, do iarr Dia ann na Fhocal, do ghabhail chugain, do chonbhail, again agus do choimhid gu glan iomlan.

51. C. *Creud ata an dara aithne ag toirmiſg?*

F. Ata an dara aithne ag toirmiſg, adhradh do Dhia trid Iomhaigh, no air mhodh air bith eille, nach bheil orduicht' ann a Fhocal fein.

52. C. *Creud iad na Riaſoin ata ceangailte ris an dara aithne?*

F. Is iad na Riaſoin ata ceangailte ris an dara aithne, ard-uachdranachd Dhe os air cionn, an t ſhealbh-choir ata aig ionnuin, an Gradh-laſte, agus eud ata aige da Adhradh fein.

53. C. *Cia i an treas Aithne?*

F. Is i an treas Aithne, (Na tabhair Ainm an Tighearna do Dhia ann diamhanas: oir ge b'e bheirreas ainm ann diamhanas, ni bu neimh-chionteach ann a fianaiſh an Tighearna e, no ni a meas an Tighearna neimh chionteach e.)

54. C. *Creud iarrar ſan treas Aithne?*

F. Ata an treas Aithne ag iarruidh, gnatheacha naomha urramach do dheanadh, air Ainmibh, Tiodolaibh, Orduighe, Briathraibh, agus Oibrichibh Dhe.

55. C. *Creud ata air na thoirmiſg ſan treas Aithne?*

F. Ata an treas Aithne ag toirmiſg mi'-naomhacha, no mi'-ghnathacha air bith do dheanadh air aon-ni leis an bheill Dia ga fhoilſeacha fein.

56. C. *Cia e an Riaſon ata air na cheangal ris an treas Aithne?*

F. Is e an Riaſon ata air na cheangal ris an treas Aithne, ge gu feadfuidh luchd briſh-

eadh na Haithne ſo doll ſaor O dhioghaltas do thaoibh Dhaoine, gidheadh ni fhuilling an Tighearna air Diaine dhoibh doll as O a cheart-bhreitheamhnas fein.

57. C. *Cia i an ceathramh Aithne?*

F. Is i an ceathramh Aithne, (Cuimhnigh la na Saboid a choimhid naomha: ann ſe laithibh dean t obair, agus t uille ſhaothair, ach is e an ſeachda la, Saboid an Tighearna do Dhia; na dean aon obair ſan la ſin, thu fein, no do Mhac, no t Inghin, t Oglach, no do Bhan-oglach, no t ainmhidhe no do Choigreach ata an taobh a ſtigh do d'hoirſibh: oir ann ſe laithibh do rinn an Tighearna Neamh agus Tallamh, an Fhairge, agus gach ni ata ionta, agus do ghabh ſe comhnuidh an ſeachda la; uime ſin do bheannuigh an Tighearna la na Saboide, agus do naomhuigh ſe e.)

58. C. *Creud iarrar ſan cheathramh Aithne?*

F. Ata an ceathramh Aithne ag iarruidh, coimhid naomha do dheanadh do Dhia air na trathaibh ſuidhicht' do dhorduigh ſe ann na Fhocal, gu ſonraichte aon la iomlan do na, ſeachd laithibh, chum a bhith na Shaboid naomh dho fein.

59. C. *Cia e an la do na ſeachd laithibh a dhorduigh Dia bhith na Shaboid gach Seachduin?*

F. O thoiſeach an t ſhaoghail a nuas gu nuig aiſh-eirigh Chroiſt dhorduigh Dia

an ſeachda la do bhi na Shaboid gach ſeachduin; agus riamh O ſin a leath, an cead la do'n t ſheachduin a dh'fhantain, agus do ghnathacha gu deirreadh an Domhain chum a bhi na Shaboid do na Crioſtuibh.

60. C. *Cionnas is coir an t Saboid do naomhacha?*

F. Is coir an t ſaboid do naomhacha, le tamh naomha do ghabhail re fad an la ſin gu h iomlan agus ſin fos O ghnothuichibh ſaoghalta, O aigher agus ſugradh ata ceaduichte air laithibh eille, agus an uille aimſir ſin do bhuilleache re oibribh-Crabhuidh gu diamhair, agus gu ſollaiſh, leath a muigh do'n mhead is ata iomchuidh re na chaitheamh re h oibribh na h eigin, agus na trocaire.

61. C. *Creud ata air an thoirmiſg ſan cheathramh Aithne?*

F. Ata an ceathramh Aithne ag toirmiſg mi'-naomhacha na Saboide le diamhanas, agus neimh-churam ann oibribh an la ſin, no fos le ſmuaintaibh, briathraibh, no gniomharaibh neimh-fheimeil timchioll ghnothuicheadh Saoghalta, no re aigher agus Sugradh.

62. C. *Cia iad na Riaſcin ata ceangailte ris an cheathramh Aithne?*

F. Is iad na Riaſoin ata ceangailte ris an cheathramh Aithne, Dia do bhith ag ceadacha Dhuinne, ſe laithe do'n t ſheachduin d'ar gnothuichibh fein, agus a tagradh coir airigh dho fein air an t Sheachda la; agus an Eiſempleir do thug ſe fein uaidhe, agus gu do bheannuigh ſe la na Saboide.

63. C. *Cia i an Cuigeadh Aithne?*

F. Is i an Cuigeadh Aithne, (Tabhair onoir do t athair, agus do d'Mhathair: chum gu ſinſeadh do laithe air an Fhearran do bheir an Tighearna do Dhia dhuit.)

64. C. *Creud iarrar ſan chuigeadh Aithne?*

F. Ata an cuigeadh Aithne ag iarruidh, an onoir do choimhid, agus an dleaſdanas do Choi'-lionadh, ata dh'fhiacha do thabhairt do gach aon-neach a lorg an Inmhe, agus an daimhe da cheile fa-leath, mar ataid ann airde, no 'n iſhle, no ann a Coi'-meas Inmhe.

65. C. *Creud ata air na thoirmiſg ſan chuigeadh Aithne?*

F. Ata an cuigeadh Aithne ag toirmiſg, ni air bith do dheanadh ata an aghaidh na h onoir, agus an dleaſdanais, a bhuinneas do gach aon-neach a lorg an Inmhe, agus an daimhe fa leath da cheile.

66. C. *Creud e an Riaſon ata ceangailte ris an chuigeadh Aithne?*

F. Is e an Riaſon ata ceangailte ris an chuigeadh Aithne, gealladh air ſonnas, agus Saoghal fada do uille luchd coimhid na Haithneſe, da reir mar thig ſin le Gloir Dhe, agus a maith fein.

67. C. *Cia i an Seathadh Aithne?*

F. Is i an Seathadh aithne, (Na dean marbhadh.

68. C. *Creud iarrar ſan t ſeathadh Aithne?*

F. Ata an ſeathadh Aithne ag iarruidh, gach uille dhicheall dligheach do dheanadh chum air 'n anam fein, agus Anama dhaoine eille do choimhid.

69. C. *Creud ata air na thoirmiſg ſan t ſeathadh Aithne?*

F. Ata an Seathadh Aithne ag toirmiſg, air 'n Anam do bhuinn aſain fein, no as air Coimhearſain gu h ea-coireach: agus gach uille nithe a chuideachas ſin do dheanadh.

70. C. *Cia i an Seachdamh Aithne?*

F. Is i an Seachdamh aithne, (Na dean adhaltrannas.

71. C. *Creud iarrar ſan t ſeachdamh Aithne?*

F. Ata an Seachdamh Aithne ag iarruidh, coimhid do bhi againn air ar Geanmnuigheachd fein, agus Geanmnuigheachd

air Coimhearsain, ann air Croidhe, ann air Caint, agus ann air Beusaibh.

72. C. *Creud ata an Seachdamh Aithne ag toirmisg?*

F. Ata an Seachdamh Aithne ag toirmisg, gach uille Smuainteacha, Briathar, agus Gniomh neimh-gheanmnuigh.

73. C. *Cia i an t Ochdamh Aithne?*

F. Is i an t Ochdamh Aithne, Na dean goid.)

74. C. *Creud iarrar san Ochdamh Aithne?*

F. Ata an tochdamh Aithne ag iarruidh, gach cuideacha laghail do dheanadh, chum air Saibhreas Soaghalta fein, agus Saibhreas Dhaoine eille, a chur air aghaidh.

75. C. *Creud ata air na thoirmisg san Ochdamh Aithne?*

F. Ata an t Ochdamh Aithne ag toirmisg, gach ni air bith a bhacas air Saibhreas Saoghalta fein, no Saibhreas air Coimhearsain gu hea-coireach.

76. C. *Cia i an naoiamh Aithne?*

F. Is i an naoiamh Aithne, (Na dean fianaish bhreige ann aghaidh do Choimhearsain.)

77. C. *Creud iarrar san naoiamh Aithne?*

F. Ata an naoiamh Aithne ag iarruidh

an fhirinn eidir Duine is Duine; agus ar deagh-ainm fein, agus deagh-ainm ar coimhearſain do ſheaſamh, agus ſin gu ſonraicht' ann fianaiſh do dheanadh.

78. C. *Creud ata air na thoirmiſg ſan naoiamh Aithne?*

F. Ata an naoiamh aithne ag toirmiſg, gach ni ata ag cur leath-trom air an fhirinn, no ni ea-coir air ar deagh-ainm fein, no deagh-ainm air coimhearſain.

79. C. *Cia i an Deicheamh Aithne?*

F. Is i an deicheamh aithne, (Na ſmuain dhuit-fein teach do choimearſain na ſmuain dhuit fein bean do choimhearſain, no oglach, no bhean-og lach, no dhamh, no aſail, no aon-ni eille bhuinneas do d' choimhearſnach.)

80. C. *Creud iarrar ſan Deicheamh Aithne?*

F. Ata an deicheamh aithne ag iarruidh oirn, bhith lan toillichte le ar ſtaid fein, maille re fonn ceart agus intinn-ſheirceil do bhi ionnuin d' ar coimhearſain, agus do gach uille ni bhuinneas dho.

81. C. *Creud ata air na thoirmiſg ſan Deicheamh Aithne?*

F. Ata an deicheamh aithne ag toirmiſg, gach tallach air ar ſtaid fein, gach

doillicheas, agus farmad re maith air coimhearſain, gach togra, agus miann ain-cneaſt, chum aon-ni d'am bi aige.

82. C. *An bheil neach air bith comaſach air Aitheantibh Dhe do choimhid gu foirfe?*

F. Ni fheadar le aon-neach nach bheil ach na dhuine amhain, O chead thuitim air ſinſir, Aitheanta Dhe do choimhid gu foirfe ſan bheathuidhs', ach ata ſiad gach la ga'm briſheadh ann ſmuaintibh, ann focal, agus ann gniomh.

83. C. *An bheil gach uille bhriſheadh an lagh coi'-meaſs ann uamharachd?*

F. Ata cuid do pheacaidh ionta fein, agus do bhri'moran do nithe ata ga'n antromacha, ni is uamhaire na cheile ann fianaiſh Dhe.

84. C. *Creud ata gach aon-pheacadh ag toiltin?*

F. Ata gach aon-pheacadh ag toiltin Feirg, agus Mallacha Dhe, araon ſan bheathuidhs', agus ſan bheathuidh ata chum teachd.

85. C. *Creud ata Dia ag iarruidh oirne chum 'ſgu feadamaid tearnadh O na Fheirg, agus O na Mhallacha-ſan a thoill ſinne thaoibh air peacaidh?*

F. Chum tearnadh O Fheirg, agus O Mhallacha Dhe a thoill ſinne ar-ſon ar pea-

caidh, ata Dia ag irrauidh oirne Creideamh ann Iosa Crioſt, Aithrighe chum na beatha, maille re gnathacha dicheallach do dheanadh air na Meadhonaibh ata ann leath a muigh, leis an bheil Crioſt ag co' pairteacha rinne ſochaire na ſoirſe.

86. C. *Creud is Creideamh an Iosa Crioſt ann?*

F. Creideamh an Iosa Crioſt, is Gras ſlainteil e leis an bheil ſinne ga ghabhail-ſan agus 'gar ſocracha fein air-ſan na aonar chum ſlainte, mar ata ſe air na thairgſe dhuinne ſan t ſoiſgeul.

87. C. *Creud is Aithrighe chum na beatha ann?*

F. Aithrighe chum na beatha, is Gras ſlainteil e, leis an bheil an Peacach (air mo-thacha dho gu cheart da pheacadh fein, agus do throcair Dhe ann an Crioſt) le doillicheas agus le fuath a pheacaidh, ag iompodh uatha gu Dia, le lan run, agus gna-thairgſe nuadh-umhlachd a thabhairt dho.

88. C. *Creud iad na Meadhoin o'n leath a muigh, leis an bheil Crioſt ag co'-pairteacha rinne ſaochaire na ſoairſe?*

F. Is iad na Meadhoin ſin, orduighe Chrioſt gu haraid an Focal, Sacramaintibh, agus Urnuighe: Ata gu h ullidh air an

deanadh eifeachdach chum Slainte do na Daoine taghta.

89. C. *Cionnas ata an Focal air na dheanadh eifeachdach chum Slainte?*

F. Ata Spiorad Dhe ag deanadh leughadh an Fhocail ach gu haraid a Shearmonacha na Mheadhon eifeachdach chum Peacaich fhagail ris, agus da'n iompadh, agus da'n togbhail fuas ann an Naomhachd, agus an co'-fhurtachd trid Creidigh chum Slainte.

90. C. *Cionnas is coir an Focal do leabhagh, agus do eifteachd, chum 's gu biodh fe eifeachdach chum Slainte?*

F. Chum 's gu deanta an Focal eifeachdach chum Slainte, is feimeil Duinne airre do thabhairt dho le ullamhacha, le Urnuighe, agus le dicheall; a ghabhail chugain le Creideamh, agus Gradh, a chur an taifge ann air Criodheacha agus a chur an gniomh ann ar beathuidh.

91. C. *Cionnas ata na Sacramaintibh air nan deanadh na Meadhoin eifeachdach chum Slainte?*

F. Ata na Sacramaintibh air nan deanadh eifeachdach chum Slainte, ni h ann O bhriogh air bith ata ionta fein, no fan tido ni am frith-eola, ach trid beannacha Chrioft amhain, agus oibreacha a Spioraid-

ſan, ſan droing a ghabhas chuca iad le Creideamh.

92. C. *Creud is Sacramaint ann?*

F. An t Sacramaint, is ordughadh naomha le Crioſt i, ann a bheil Crioſt, agus ſochair Chumhnanta nan gras, air an taiſbeannadh, agus air an Seulacha, agus air nan cur ris na Creidmhigh le Comharaibh corpora ſo-fhaicſin.

93. C. *Cia iad Sacramaintibh an Tiomna uuaidh?*

F. Is iad Sacramaintibh an Tiomna-nuaidh, Baiſteadh, agus Suipeir an Tighearna.

94. C. *Creud is Baiſteadh ann?*

F. An Baiſteadh is Sacramaint e, ann a bheil ionlaid le huiſge, ann an ainm an Athair, an Mhic, agus an Spioraid-naoimh, ag ciallacha, agus ag ſeulacha, gu bheil ſinne air ar ſuidheacha ann an Crioſt, agus ann air luchd co'-pairt do Shochairibh Chumhnant nan Gras, agus ag ſeulacha fos air Boid gur leis an Tighearna ſinn.

95. C. *Cia do'n coir am Baiſteadh do Fhritheoladh?*

F. Ni an coir am Baiſteadh do fhritheoiadh, d'aon neach ata an taobh a muigh

do'n Eaglais fhaicſinnich, no gu'n aidmhich iad an Creideamh ann an Crioſt, agus an Umhlachd dho, ach is coir Naoidheanna na droinge, ata na'm buill do'n Eaglais-fhaicſinnich, do bhaiſteadh.

96. C. *Creud i Suipeir an Tighearna?*

F. Suipeir an Tighearna is Sacramaint i, ann a bheil bas Chrioſt air na fhoilſeacha, le aran, agus fion do thabhairt, agus do ghabhail do reir orduighe fein, agus an droing a ghabhas chuca gu hiomchuidh iad, ata ſiad (ni air mhodh feolmhar, ach) trid Creidigh, air an deanadh nan luchd co'-pairt, da Chorp agus da fhuill ſan, le uille Shochairibh, chum an altrum, agus am fàs an Gras.

97. C. *Creud is feimeil do'n droing ſin a dheanadh, leiſh am bail Suipeir an Tighearna do ghabhail gu h iomchuidh?*

F. Is feimeil dhoibh iad-fein a cheaſnacha ann nan Eolas, chum aithne do dheanadh air Corp an Tighearna, ann nan Creideamh, chum beatha an Anama do tharraingas, ann nan Aithreachas, nan Gradh, agus nan nuadh-umhlachd, d'eagal, air teachd dhoibh gu neimh-iomchuidh gu'n itheadh, a-

gus gun olfuid Breitheamhnas dhoibh fein.

98. C. *Creud is Urnaighe ann?*

F. Is i is Urnaighe ann, tabhairt fuas air 'n Athchuinge do Dhia, ag iarruidh nitheanna do reir a thoill ann an Ainm Chrioft, ag aidmheil ar peacaidh, agus ag tabhairt buidheachas dho air-fon a Thiolaicaibh.

99. C. *Creud i an Riaghail a thug Dia Dhuinne d'ar Seoladh ann an Urnaighe do dheanadh?*

F. Ata focal Dhe gu h uillidh ga'r Seoladh ann an Urnuighe do dheanadh, ach is i an Riaghail Shonraicht' a fheolas finn, an Fhoirm Urnuighe fin do theagafg Crioft da Dheifciopla da'n goirrear gu coit-cheanna Urnuighe an Tighearna.

100. C. *Creud ata Reamh-radh Urnuighe an Tighearna ag teagafg Dhuinne?*

F. Ata Reamh-radh Urnuighe an Tighearna *(lodhon air 'n Athair ata air Neamh)* ag teagafg Dhuinne, teachd an fogafg do Dhia le gach uile urram naomha agus muinghin, mar Chloinn chum an Athair, ata comafach, agus ullamh d'ar cuideacha; agus gu'r coir guidhe dheanadh maille re Daoine eile, agus air an fon.

101. C. *Creud ata finn ag guidhe fan chead Iartas?*

F. San chead Iartas, *(Iodhon gu ma beannuicht' t Ainmſe)* ata ſinn ag guidhe gu ma toill le Dia ſinne, agus daoine eille do dheanadh comaſach air e-fein do ghloracha anns gach aon-ni leiſh an bheill ſe ga fhoilſeacha fein dhuinn, agus gu ma toill leis gach ni do Shuidheacha agus orducha chum a Ghloire fein.

102. C. *Creud ata ſinn ag guidhe ſan dara Iartas?*

F. San dara Iartas, *(Iodhon gu tigeadh do Rioghachd-ſa)* ata ſinne ag guidhe Dhe, Rioghachd an Aibhirſeir do ſgrios, agus Rioghachd nan Gras do mheadacha, ſinne agus daoine eille do tharraing da h ionſuidhe, agus do choimhid inte, agus Rioghachd na Gloire do luathacha.

103. C. *Creud ata ſinn ag guidhe ſan treas Iartas?*

F. San treas Iartas, *(Iodhon, Deantar do thoillſe air an Tallamh mar nithear air Neamh)* atamaid ag guidhe Dhe, ſinne do dheanadh comaſach, agus deonach le na Ghras, chum eolas a ghabhail air a thoill fein, do bhith freagrach, agus umhal dith anns gach aon ni amhuilmar ata na h Aingil air Neamh.

104. C. *Creud ata ſin ag guidhe ſan cheathramh Iartas?*

F. San cheathramh Iartas, *(Iodhon, tabhair dhuinn an diugh ar 'n Aran laitheil)* ata ſinn ag iarruidh gu fuighmid do ſhaorthoir-bheartas Dhe, Roinn chuimſeach do nithibh maith na beathaſa, agus gu meallamaid a bheannacha fein maille reu.

105. C. *Creud ata ſinn ag guidhe ſan chuigeadh Iartas?*

F. San chuigeadh Iartas, *(Iodhon, agus maith dhuinne air fiacha, amhluidh mar mhaidthe-mid d'ar Feicheannaibh)* atamaid ag guidhe Dhe maitheamhnas do thabhairt dhuinn gu ſaor ann ar 'n uile pheacaidh air-ſon Chrioſt: agus is moid air miſneach ſo iarruidh, gu bheilmid air ar nearteacha trid a Ghras-ſan, ann a maitheamhnas do thabhairt do dhaoine eile o ar Croidhe.

106. C. *Creud ata ſinn ag guidhe ſan t ſeathadh Iartas?*

F. San tſeathadh Iartas, *(Iodhon, agus na leig am buaireadh ſin, ach ſaor ſinn o olc)* ata ſinn ag guidhe Dhe air coimhid o bhith air ar buaireadh chum peacaidh: No ar conbhail ſuas, agus ar ſaoradh an tam do bhuairear ſinn.

107. C. *Creud ata Co'-dhunadh Urnuighe an Tighearna ag theagaſg dhuinne?*

F. Ata Co'-dhunadh Urnuighe an Tighearna, (*Iodhon, oir is leatſa an Rioghachd, agus an Chumhachd, agus a Ghloir, gu ſiorruidhe*, Amen.) ag teagaſg dhuinne miſneach ann Urnuighe do ghabhail o Dhia amhain, agus ann ar 'n Urnuighe eiſin do mholadh: le Rioghachd, Cumhachd, agus Gloir do thabhairt dho, agus mar fhianaiſh air ar Miann, agus ar dearbh beachd ann eiſteachd faghail, deirmid, *Amen*.

---

## Na deich Aitheantibh.

### Exod. xx.

DO labhair Dia na Briathar ſo uile ag radh, is miſe an Tighearna do Dhia, an neach a thug thuſa a mach as Tallamh na Heiphte, agus as Tigh na daoirſe.

I. Na biobh Dee air bith eile agat ann am fhianaiſhe.

II. Na dean dhuit fein Iomhaigh ghrabhalta, no aon fhioghair nithe ata ſhuas air Neamh, no air Tallamh a bhos, no ſan Uiſge faoi Thallamh, na geilſe dhoibh, agus na dean Seirbhis dhoibh: Oir 's miſe an Tighearna do Dhia, is Dia eud-

'nhor mi, leannas Aingidhachd nan Athraibh air an Cloinn, gu nuige an treas no an an ceathramh ceim, no glun-geiniligh, air an droing fhuathuicheas mi, agus ag foilfeacha trocair do mhiltibh do'n droing a ghradhuicheas mi, agus a choimhdeas m'Aitheantaibh.

III Na tabhair ainm, an Tighearna do Dhia an diamhanas: Oir ge b'e bheireas ainm an diamhanas, ni bu neimh-chiontach ann a fianaifh an Tighearna e, agus ni a meas an Tighearna neimh-chiontach e.

IV. Cuimhnigh la na Saboide a choimhid naomha: Ann fe laithibh dean hobair, agus huille Shaothair, ach is e an feachda la, Saboid an Tighearna do Dhia; na dean aon obair fan la fin, thu fein, no do Mhac, no h Inghin, t Oglach, no do bean-oglach no h ainmhidhe, no do Choigreach ata an taobh a ftigh do d'dhoirfibh: Oir ann fe laithibh do rinn an Tighearna Neamh agus Tallamh, an Fhairge, agus gach ni ata ionta, agus do ghabh fe comhnuidh an feachda la; uime fhin do bheannuigh an Tighearna la na Saboide, agus do naomhuigh fe e.

V. Tabhair onoir do t Athair, agus do d'-Mhathair, chum gu Sinfeadh do laithe air an Fhearran do bheir an Tighearna do Dhia dhuit.

VI. Na dean marbhadh.

VII. Na dean Adhaltrannas.

VIII. Na dean Goid.